

Stiùireadh Maoin Phlanaichean Gàidhlig – Sruth Ro-Innleachdail 2024-27 Gaelic Plans Fund – Projects Stream 2024-27 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoin

Tha Maoin Phlanaichean Gàidhlig (air an robh roimhe GLAIF) airson ùghdarrasan poblach a chuideachadh gus na Planaichean Gàidhlig reachdail aca a chur an gnìomh agus taic a chur ris a’ [Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 ùr](#). Tha ùghdarrasan poblach cuideachd air taic-airgid fhaighinn tro Mhaoin Phlanaichean Gàidhlig gus pròiseactan a thoirt gu buil mus tèid iarraidh orra gu foirmeil Plana Gàidhlig a sgrìobhadh.

Bho 2024, tha dà shruth maoin eachaidh eadar-dhealaichte ri fhaighinn tron Mhaoin Phlanaichean Gàidhlig:

- An Sruth Ro-innleachdail – do na 6 ùghdarrasan ionadail air am meas cudromach
- An Sruth Phròiseactan – airson ùghdarrasan poblaich eile le planaichean Gàidhlig

Tha an stiùireadh seo a’ buntainn ris an t-sruth **Ro-Innleachdail** a-mhàin, le stiùireadh airson an t-sruth Phròiseactan ri fhaighinn [air an làrach-lìn againn](#).

‘S iad na 6 ùghdarrasan ionadail aig a bheil cead iarrtas a chur a-steach tron t-Sruth Ro-innleachdail:

- Comhairle nan Eilean Siar
- Comhairle na Gàidhealtachd
- Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Comhairle Baile Ghlaschu
- Comhairle Baile Dhùn Èideann
- Comhairle Siorrachd Lanraig a Tuath

Chaidh na h-ùghdarrasan seo air am meas cudromach leis an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a tha fuireach anns na sgìrean aca a-rèir na figearan cunntas-sluaigh mu dheireadh ri fhaighinn, an àireamh de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns na sgìrean agus taic tro chuaritean Maoin Phlanaichean Gàidhlig/GLAIF roimhe. [Tha nòta air an dòigh-obrach seo ri fhaighinn an seo.](#)

Chan fhaod na h-ùghdarrasan seo, no buidhnean leth-eisimeileach aca (ALEOs), iarrtasan a chur a-steach tron t-sruth Phròiseactan. Thathar a’ moladh gum bi ùghdarrasan ag obair leis na ALEOs aca, is buidhnean choimheasnachd eile, ann a bhith cur na h-iarrtasan aca air dòigh.

About the Fund

The Gaelic Plans Fund (formerly named GLAIF) is available to help public authorities in the delivery of commitments in their statutory Gaelic Language Plans, and in support of the new [National Gaelic Language Plan 2023-28](#). The Gaelic Plans Fund has also been used to assist other public authorities in the delivery of projects ahead of their formal notice to produce a Gaelic Language Plan.

From 2024, there are two separate funding streams available through the Gaelic Plans Fund:

- The Strategic Stream – for 6 local authorities deemed significant
- The Projects Stream – for all other public authorities with Gaelic language plans

This guidance relates to the **Strategic** stream only, with guidance on the Projects stream available [on our website](#).

The 6 local authorities who are eligible to apply through the Strategic Stream are:

- Comhairle nan Eilean Siar
- The Highland Council
- Argyll and Bute Council
- Glasgow City Council
- City of Edinburgh Council
- North Lanarkshire Council

These local authorities were deemed significant due to their overall number of Gaelic speakers according to the most recent census figures available, the number of pupils they have in Gaelic-medium education and previous support provided to them via the Gaelic Plans Fund/GLAIF. [A methodology note is available here.](#)

These authorities, or arms-length organisations (ALEOs) belonging to them, cannot apply to the Projects stream. Authorities are encouraged to work with their ALEOs, and other community groups, in forming their applications.

Sruth Ro-innleachdail – Na tha air sùileachadh

Tha an Sruth Ro-Innleachdail den Mhaoin Planaichean Gàidhlig air a thabhann gus cothrom a thoirt do 6 ùghdarrasan ionadail iarrtas a chur a-steach airson taic-airgid airson ùine eadar Dàmhair 2024 gu Sultain 2027.

Bu chòir gach ùghdarras **an** iarrtas a chur a-steach airson prògram-obrach a tha iad an dòchas a chur an gnìomh airson an trì bliadhna ri thighinn a tha cur ri libhrigeadh:

- Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28
- Plana Gàidhlig fhoillsichte aig an ùghdarras

Tha foirm-iarrtais ri fhaighinn airson prìomh pìosan fiosrachaidh a tha a dhìth airson an iarrtas san fharsaingeachd agus an seòrsa fiosrachadh a tha a dhìth airson gach pìos den phrògram, ach ma tha ùghdarrasan airson an teampaid seo a chleachdadh tha cead ann seo a dhèanamh.

'S e amas a' mhaoin taic a chumail ris a' phrìomh amas a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig de "Cur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig".

Raointean-obrach

Tha an t-iarrtas air a structaradh timcheall air raointean obrach, a tha nan sruthan sònraichte de dh'obair leasachaidh a bhios buidheann a' gabhail os làimh airson na Gàidhlig agus dha bheilear a' sireadh maoin eachadh bho Bhòrd na Gàidhlig.

Airson gach raon-obrach, thèid iarraidh oirbh iomradh a thoirt air na h-obrach is dè na thig a-mach às, le fios air dè na gnìomhan sa phlana Gàidhlig no a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig a thèid a choileanadh, na daoine a bhios an sàs san obair seo, iomradh air na cosgaisean is taic-airgid air iarraidh bho Bòrd na Gàidhlig airson na h-obrach is mar a bhios sibh tomhais buaidh na h-obrach.

Thèid gach raoin-obrach a mheasadh a-rèir na leanas:

- Mar a tha e a' cur ris a' Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28
- Mar a bhios e a' cur ris a' Phlana Gàidhlig aig an ùghdarras
- Luach an airgid
- Comas libhrigidh
- Sgrùdadh is measadh air na h-obrach
- Obair ann an com-pàirteachas agus ùr-ghnàthachas

Tha tuilleadh fiosrachaidh air mar a thèid na raointean-obrach a mheasadh ri fhaighinn san [Stiùireadh-measaidh](#).

Strategic Stream – What is expected

The Strategic Stream of the Gaelic Plans Fund is being offered to allow 6 local authorities the opportunity to apply for funding for the period of October 2024 to September 2027.

Each authority should submit **one** application detailing a programme of work that they hope to achieve over the three years which contribute to delivering:

- The National Gaelic Language Plan 2023-28
- The authority's published Gaelic language plan

An application form is available to outline key information required for the application as a whole and the type of information required for each element of the programme, however authorities are welcome to amend this template and display the application how they choose.

The focus of the fund is on developing the main aim of the National Gaelic Language Plan of "Increasing the use and learning of Gaelic".

Work areas

Your application should be structured around work areas, which are discrete streams of development work that an organisation undertakes for Gaelic for which funding is sought from Bòrd na Gàidhlig.

For each work area, you will be asked to provide a description of the work and what it will achieve, along with information on what actions from your Gaelic Language plan or the National Gaelic Language Plan this will support, the people involved in delivering this work, an overview of the costs and funding request from Bòrd na Gàidhlig for the work and how you will assess the impact of the work.

Each work area will be assessed based on the following:

- Contribution to the National Gaelic Language Plan 2023-28
- Contribution to fulfilling the authority's Gaelic Language Plan
- Value for money
- Ability to deliver
- Monitoring and assessment of the work
- Partnership working and innovation

Further information as to how the work areas will be assessed is available in the [Assessment Guidance](#).

Dè na cosgaisean a gheibh taic?

'S e £280,000 am buidseat gach bliadhna ris a bheilear an dùil airson an Sruth Ro-innleachdail. Chan eil casg air an suim a dh' fhaodadh sibh iarraidh, ach thèid fios a chur ri tagraichean air an suim a dh' fhaodadh dùil a bhith aca ris a-rèir an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a tha fuireach anns an sgìre aca a-rèir an cunntas-sluaigh mu dheireadh.

Airson gach pìos den phrògram air iarraidh, faodaidh am maoin taic a chumail **suas ri 80% de chosgaisean**. Tha cosgaisean neo-ionmhasail ceadaichte mar phàirt de chosgaisean iomlan a' phrògram.

Tha e cudromach a thoirt fa-near, leis gu bheil Bòrd na Gàidhlig air a mhaoineachadh le tabhartas-cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba gach bliadhna, ged a thèid maoin eachadh ioma-bliadhna a thabhan do thagraidhean soirbheachail, gum bi maoin eachadh a tha nas fhaide na Màrt 2025 le ùmhlachd do Bhòrd na Gàidhlig a' faighinn tabhartas-cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba aig an aon ìre 's a bha e sa bhliadhna-ionmhas 2024/25 agus adhartas na buidhne agaibh gu ruige seo ann a bhith a' coileanadh bhuilean.

Bhithear an dùil gum bi pròiseactan a bha air taic fhaighinn tro chuirtean Maoin Phlanaichean Gàidhlig a-cheana a' sealltainn adhartas ann an luach an airgid agus àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an obair na buidhne thairis air iarrtasan a bh' ann a-cheana.

Thathar an dùil gun tèid ìre nas isle de thaic-airgid an taca ri bliadhnaichean roimhe air a thabhan do dh' iarrtasan soirbheachail airson dreuchdan a chaidh a mhaoineachadh tron Mhaoin Phlanaichean Gàidhlig, gus an obair seo àbhaisteachadh taobh a-staigh ùghdarrasan.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith eile de bhuidseat a' phrògram air am maoin eachadh tro sgeamaichean maoin eachaidh eile agus nach eil maoin eachadh dùbailte ann le pròiseactan far a bheil [Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh Bhòrd na Gàidhlig](#) an sàs.

Cha bhi sinn a' cur taic ri cosgaisean ri linn:

- Cosgaisean calpa
- Duaisean co-fharpais
- Cosgaisean luchd-obrach no ghoireasan air an cleachdadh gus curraicealam foghlam tro mheadhan na Gàidhlig/luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a libhrigeadh ann an sgoiltean, colaistean no oilthighean

What costs are supported?

The estimated budget allocated to the Strategic Stream is £280,000 per annum. There is no limit on the amount that can be requested, however applicants will be informed of an indicative amount they can expect based proportionally on the number of Gaelic speakers living in their local authority area.

For each element of the programme applied for, the fund will support **up to 80% of costs**. In-kind costs are permitted as part of a contribution towards total programme costs.

It is important to note that due to Bòrd na Gàidhlig being funded by grant-in-aid from the Scottish Government on an annual basis, that while successful applications will be offered funding on a multi-year basis, that funding beyond March 2025 will be subject to Bòrd na Gàidhlig receiving grant-in-aid from the Scottish Government at the same level as in the 2024/25 financial year and your organisation's progress to-date in achieving outcomes.

Applications looking to extend an existing project that was supported through previous Gaelic Plans Fund rounds will be expected to demonstrate improvement in value for money and normalisation of Gaelic within the organisation's work over previous applications.

It is expected that applications towards employment posts previously funded by the Gaelic Plans Fund will, if successful, be awarded a decreased level of support compared with previous years to promote the normalisation of work within authorities.

You must ensure that no other part of the programme's budget is funded by money from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes and that there is no double-funding of projects involving [Bòrd na Gàidhlig's Delivery Partners](#).

We will not support costs relating to:

- Capital costs
- Competition prizes
- Staff or resource costs used for delivering the Gaelic-medium or Gaelic-learner education curriculum in schools, colleges or universities

- Buanachadh dreuchdan a th' ann a-cheana nach robh a' faighinn taic tron Mhaoin Phlanaichean Gàidhlig (ach ma tha iad an sàs ann am pròiseact ùr)
- Cosgaisean ann a bhith a' dealbhadh, a' dèanamh co-chonaltradh air no a' foillseachadh Plana Gàidhlig

Thèid iarraidh oirbh anns an iarrtas agaibh cuin a bhios sibh an dùil ris an airgead agaibh a chosg, is cleachdaidh sinn seo airson pròifil pàighidh a chur air dòigh san aonta taic-airgid air nuair a thèid ur pàigheadh. Cha tèid a' chiad phàigheadh airson an aonta ùr a phàigheadh gus am bi aithisgean deireannach airson phròiseactan cheana agus aithisgean dearcnachaidh phlanaichean Gàidhlig no planaichean/dreach phlanaichean air an cur a-steach.

Riaghailtean eile

Feumaidh sibh dreach tuairisgeul(an)-obrach a chur a-steach còmhla ris an iarrtas ma tha sibh a' sireadh taic-airgid airson dreuchd, agus feumaidh Gàidhlig a bhith na sgil riatanach airson na dreuchd.

Feumaidh an tuarastal airson gach cothrom obrach air a mhaoineachadh tro Maoin Phlanaichean Gàidhlig a bhith aig ìre de cho-dhiù [Tuarastal Bith-Beò na h-Alba \(a tha £12 gach uair an-dràst\)](#).

Ag aithneachadh taic

Mar bhuidheann poblach, tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' phoball air mar a tha sinn a' cleachdadh an cuid airgid againn, is mar sin tha e cudromach gu bheil sibh ag aithneachadh gun tug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid dhan obrach agaibh (far a bheil sin iomchaidh). Bidh sinn a' faighneachd san fhoirm-iarrtais mar a bhios sibh an dùil seo a dhèanamh tron phrògram ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach toir sibh sùil air an [Stiùireadh Aithneachaidh](#) is [Stiùireadh Brand](#) air an làrach-lìn againn.

Sgrùdadh is measadh

Ma tha an iarrtas agaibh soirbheachail bidh agaibh ri sgrùdadh is measadh mar a tha am prògram agaibh air a libhrigeadh is sealltainn am buaidh aig am prògram ann an aithisgean adhartais.

Thathar an dùil gum bi agaibh ri aithisg adhartais a chur thugainn gach 6 mìosan air mar a tha sibh air am prògram libhrigeadh, le fiosrachadh air adhartais agaibh a dh' ionnsaigh gach pìos den phrògram libhrigeadh, na builean a tha air a choileanadh leis an airgead, molaidhean airson

- Continuation of employment positions that were not previously funded by the Gaelic Plans Fund (unless involved in a new project)
- Costs involved in developing, consulting on or publishing a Gaelic Language Plan

You will be asked in your application to provide a profile as to when you expect to spend your funding, which we will use to set a payment profile for your grant agreement. The first payment of a new agreement will only be payable once any final reports for pre-requisite projects and any outstanding Gaelic Language Plan monitoring reports or plan/draft plans requested have been submitted.

Other requirements

All applications requesting support towards funding for employment posts must include a draft job description(s) along with the application, and the position must be Gaelic-essential.

All employment opportunities funded through the Gaelic Plans Fund must pay a minimum of the [Scottish Living Wage \(currently £12 per hour\)](#).

Acknowledgment

As a public body it is important to us that the public know where our funding is spent, and that's why it is important that you acknowledge where appropriate that Bòrd na Gàidhlig provided funding for your work. We will ask you in the application how you will acknowledge our support throughout the programme if your application is successful.

For further information please read our [Acknowledgement Guidance](#) and our [Brand Guidance](#) on our website.

Monitoring and evaluation

If your application is successful you will need to monitor and evaluate delivery of your programme and show the impact of the programme in progress reports.

It is expected that you will need to provide a report each 6 months on the delivery of your programme, with information provided on progress towards delivering each element, the outcomes that are being achieved by the

atharrachaidhean sam bith dhan phrògram is dearbhadh air cosgaisean gu ruige sin.

Ann an foirm iarrais iarraidh sinn oirbh mar a bhios sibh an dùil sgrùdadh mar a bhios am prògram air a libhrigeadh, na targaidean/PCCs a bhios sibh a' cur romhaibh airson gach pìos den phrògram (ma tha seo diofraichte bho gnìomhan air ainmeachadh sna Planaichean Gàidhlig agaibh) is mar a bhios sibh a' togail fios bho daoine a tha faighinn buannachd bhon prògram.

Bidh aithisgean ri chur a-steach [tro phortal Fluxx](#), is bidh teamplaid ann an cruth Word ri fhaighinn cuideachd mar roghainn eile, is bidh iad seo ri fhaicinn ma tha an iarrtas agaibh soirbheachail.

Àrainneachd, Co-ionannachd, Iomadachd & Inghabhalachd agus Obair Chothromach

Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig gus cur air adhart deagh chleachdadh ann a bhith:

- A' lùghdachadh buaidh air an àrainneachd
- A' brosnachadh co-ionannachd chothroman do dhaoine le feart dìonta a rèir Achd Co-Ionannachd 2010
- A' brosnachadh chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a rèir Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014

Bu mhath leinn gum bi na buidhnean is pròiseactan a tha a' faighinn maoin eachadh bhuainn cuideachd a' cur ris na h-amasan seo, is bidh sinn ag iarraidh oirbh san fhoirm-iarrais mar a tha sibh an dùil gum bi am pròiseact agaibh a' dèanamh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach leugh sibh fiosrachadh tro na ceanglaichean gu h-ìosal:

- [Fiosrachadh air àireamhachadh is lùghdachadh eimiseanan carbon bho Creative Carbon Scotland](#)
- [Fiosrachadh mu na feartan dìonte a rèir Achd Co-Ionannachd 2010](#)
- [Mu dheidhinn Pàrantan Corporra agus cumail taic ri clann a tha air a bhith ann an cùram](#)

Obair Chothromach

Feumaidh buidhnean a tha a' faighinn maoin eachadh poblach ann an Alba cumail ri poileasaidh Obair Chothromach aig Riaghaltas na h-Alba, agus mar sin feumaidh iad:

- Co-dhiù am fìor Thuarastal Beò a phàigheadh; agus

work, any proposed amendments to the programme and a confirmation of the expenditure to date.

In the application form we will ask you how you intend to monitor the delivery of your programme, what targets/KPIs you will set for each programme element (if different from actions identified in your Gaelic Language Plan) and how you will gather feedback from those benefitting from the programme.

Reports will be available to submit via the [Fluxx application portal](#), and a Word template will also be made available as an alternative, and will be viewable if your application is approved.

Environment, Equalities, Diversity & Inclusion and Fair Work

Bòrd na Gàidhlig has a responsibility to promote good practice in:

- Reducing impact on the environment
- Promoting equality of opportunity for those with a protected characteristic under the Equalities Act 2010
- Promoting opportunities for young people who are, or have been, in care under the Children and Young People (Scotland) Act 2014

We would like the organisations and projects that we fund to also consider how their work can contribute to these aims and will ask in the application form how your proposed project will seek to do so.

For further information, please consult the links below:

- [Information on how to calculate and reduce carbon emissions via Creative Carbon Scotland](#)
- [Information about the protected characteristics under the Equalities Act 2010](#)
- [About Corporate Parenting and supporting care-experienced young people](#)

Fair Work

Organisations in receipt of public funding in Scotland are required to adhere to the Scottish Government's Fair Work First policy, and as such **must**:

- Pay at least the real Living Wage; and

- Dòighean iomchaidh airson guth luchd-obrach èifeachdach, leithid aithneachadh aonaidhean-ciùird, a chruthachadh

Agus thathar gam brosnachadh gu làidir:

- Tasgadh ann an leasachadh luchd-obrach
- Dèan gnìomh gus dèiligeadh ris a' bheàrn pàighidh gnè agus cruthaich àite-obrach nas eadar-mheasgte agus nas in-ghabhalach
- Thoir seachad cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean don luchd-obrach air fad bhon chiad latha den obair; agus
- Cuir an aghaidh cleachdadh cur mu sgaoil agus ath-fhastadh

Thèid iarraidh oirbh mar phàirt den tagradh agus an aithris agaibh dearbhadh gu bheil sibh a' cumail ris a' phoileasaidh agus fianais a thoirt seachad gun do rinn sibh sin.

Tha [tuilleadh stiùireadh air mar a tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig a' cur an gnìomh poileasaidh Obair Cothromach ri fhaighinn an seo](#), is tha [stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air am poileasaidh ri fhaighinn an seo](#).

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phost-dealain gu tabhartas@gaidhlig.scot ro **3f air Diardaoin 30 Cèitean 2024** agus cha bhi e comasach iarrtas a chur a-steach às dèidh a' chinn-uidhe sin ach ma fhuaras cead ro-làimh bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig.

Ma tha duilgheadasan no cheistean sam bith agaibh leis an iarrtais nach cuir sibh post-d thugainn aig tabhartas@gaidhlig.scot cho luath sa ghabhas.

Mar a nì sinn measadh air an iarrtas

Gheibh sibh post-d a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas agaibh.

Às dèidh a' chinn-uidhe airson iarrtasan a chur a-steach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoine agus gu bheil iad a' toirt seachad an fhiosrachaidh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 5 làithean-obrach, no thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

- Provide appropriate channels for effective workers' voice, such as trade union recognition

And are strongly encouraged to:

- Invest in workforce development
- Take action to tackle the gender pay gap and create a more diverse and inclusive workplace
- Offer flexible and family-friendly working practices for all workers from day one of employment; and
- Oppose the use of fire and rehire practice

You will be asked as part of your application and reporting to confirm that you are adhering to the policy and provide evidence of doing so.

Further [guidance as to how Bòrd na Gàidhlig is implementing the Fair Work First policy is available here](#), and [guidance from the Scottish Government on the policy is available here](#)

Submitting an application

Applications should be submitted by email to tabhartas@gaidhlig.scot by **3pm on Thursday 30 May 2024** and it will not be possible to submit an application after this date unless permission has been provided prior to the deadline by Bòrd na Gàidhlig officers.

If you have any issues or questions about the application please email us at tabhartas@gaidhlig.scot as soon as possible.

How we will assess your application

You will receive an email acknowledgment to confirm that we have received your application.

After the closing date for applications, Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to correct this within 5 working days, or your application will be declined.

Thèid gach iarrras ceadaichte a mheasadh le pannal de dh' oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir [an stiùireadh-measaidh](#), agus cuiridh iad molaidhean do Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig air an suim taic-airgid ri thabhann airson gach raon-obrach.

Dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a' phròiseict mar phàirt den phròiseas measaidh.

Nì Sgioba-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig moladh eadar-amail san Lùnastal 2024 a thèid a chur an cèill do luchd-iarrrtais airson cothrom tuilleadh fiosrachaidh no beachdan a thoirt seachad.

Thèid moladh an Sgioba-stiùiridh, le fiosrachadh iomchaidh bho luchd-iarrrtais, a thoirt seachad do Chomataidh Poileasaidh is Goireasan Bòrd na Gàidhlig san t-Sultain 2024 is am Bòrd-stiùiridh slàn san Dàmhair 2024 airson co-dhùnadh dheireannaich.

Às dèidh seo, thèid aonta taic-airgid a chur thugaibh tro Docusign dhan luchd-sgrìobhaidh. Bidh suas ri 30 latha agaibh gus an t-aonta taic-airgid a shoighneadh is a thilleadh no thèid an tairgse taic-airgid a thoirt air ais.

Thèid lèirmheas a dhèanamh air aontaidhean gach bliadhna, le cothrom aig buidhnean molaidhean a chur air adhart airson atharrachaidhean dhan phrògram aca, le cead Bòrd na Gàidhlig a dhìth.

Bidh taic-airgid airson an dàrna is treasamh bliadhna den aonta a' crochadh air adhartais freagarrach le bhith coileanadh a' phrògram, toirt fiosrachadh iomchaidh air ais do Bhòrd na Gàidhlig agus a bhith coileanadh dleastanasan fo phròiseas planaichean Gàidhlig (a' gabhail a-steach dearcnachadh is ullachadh eagrannan ùr de phlanaichean).

Mur eil sibh riarichte le co-dhùnadh air an iarrras agaibh, ged nach eil pròiseas ath-thagrachd againn faodaidh tu gearain a chur a-steach ma tha thu den bheach nach deach dèiligeadh ris an iarrras agad a-rèir an stiùireadh 'sa is an stiùireadh-measaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh, [tha ar modhan gus dèiligeadh ri ghearanan ri fhaighinn an seo](#).

Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu tabhartas@gaidhlig.scot.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to [the assessment guidance](#), taking into account the programme as a whole and the different work areas, and they will make recommendations on the amount of funding to award for each work area to the Bòrd na Gàidhlig Senior Management Team.

Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of programme details as part of the assessment process.

Bòrd na Gàidhlig's Senior Management Team (SMT) will make an interim recommendation in August 2024 which will be communicated to applicants for the opportunity to provide further information or comment.

The SMT's recommendation, along with any relevant information from applicants, will then be presented to Bòrd na Gàidhlig's Policy and Resources Committee in September 2024 and the full Board in October 2024 for final decisions.

Thereafter, a funding agreement will be sent via Docusign to your nominated signatories. You will have up to 30 days from the date of issue to sign and return the funding agreement or the offer shall lapse.

Agreements will be reviewed on an annual basis, with the opportunity for applicants to propose modifications to their programme subject to Bòrd na Gàidhlig approval.

Funding for the second and third years of the agreement is dependent on appropriate progress in delivering the programme, providing adequate information to Bòrd na Gàidhlig and complying with responsibilities under the Gaelic language plan process (including monitoring and development of new editions of plans).

If you are not satisfied with the outcome of your application, while we do not offer an appeal process you may make a complaint if you believe your application has not been dealt with in accordance with this guidance and the assessment guidance. For more information, [our complaints handling procedure is detailed online here](#).

More information

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](#) or contact Bòrd na Gàidhlig at tabhartas@gaidhlig.scot.

Faodaidh tu cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheistean cumanta](#) mu dheidhinn a’ mhaoineachaidh againn air an làraich-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air an làraich-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh’fhoirmichean-iarrtas ma tha sibh ag iarraidh is dh’fhaoidte gun tèid iad fhoillseachadh aig: <https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/cothroman-maoineachaidh/maoin-phlanaichean-gaidhlig/>

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request and may be published at: <https://www.gaidhlig.scot/en/funding/funding-schemes/gaelic-plans-fund/>

Eachdraidh Faidhle / Version history		
V1	Air fhoillseachadh / Published	18 Màrt / March 2024